

# Lèirmheas air Plana Nàiseanta nan Eilean

July 2023

## Lèirmheas air Plana Nàiseanta nan Eilean

### Facal-tòiseachaidh

Chaidh a' chiad [Phlana Nàiseanta nan Eilean](#) riamh aig Alba fhoillseachadh ann an 2019. Tha e a-nis ga ath-sgrùdadh mar a tha riatanach fo Achd nan Eilean (Alba) 2018, agus dh'fhaodte gun tèid Plana Nàiseanta nan Eilean ùr fhoillseachadh mar thoradh air seo. Tha Riaghaltas na h-Alba airson obrachadh còmhla ri ùghdarrasan ionadail, coimhearsnachdan eileanach agus roinnean is com-pàirtichean iomchaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil am pròiseas seo cho mionaideach agus èifeachdach 's a ghabhas, a' toirt dhuinn fios air ais deatamach bhon fheadhainn air an toir Plana Nàiseanta nan Eilean a' bhuidhe as motha.

### Cùl-fhiosrachadh

Fhuair Bile nan Eilean (Alba) 2018 aonta rioghail air 6 Iuchar 2018. Chaidh na ciad Riaghailtean Tòiseachaidh a chur cuir fa chomhair na Pàrlamaid air 20 Sultain 2018 agus bha iad an gnìomh bho 4 Dàmhair 2018. Tha Bile nan Eilean (Alba) a' toirt a-staigh dìofar cheuman mar bhunait dhan amas aig Riaghaltas na h-Alba a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil fòcas leantainneach thairis air an Riaghaltas agus an roinn phoblaich gus feumalachdan nan coimhearsnachdan eileanach a choileanadh - an dà chuid aig an àm am seo agus san àm ri teachd. B' e fear de na ciad ullachaidhean a chaidh a thoirt a-steach dleastanas air Ministearan na h-Alba Plana Nàiseanta nan Eilean ullachadh.

### Plana Nàiseanta nan Eilean

Is e an t-adhbhar airson a bhith ag ullachadh Plana Nàiseanta nan Eilean (am Plana), mar a tha air a chur an cèill ann an Achd nan Eilean (Alba) 2018 (An Achd) *"prìomh amasan agus ro-innleachd Mhinistearan na h-Alba a thaobh a bhith a' toirt seachad bhuilean nas fheàrr do choimhearsnachdan eileanach, a tha mar thoradh air, no a tha air an cur ris, le bhith a' toirt seachad foinceanan poblach"*. Ann a bhith ag ullachadh a' Phlana, feumaidh Ministearan na h-Alba aire a thoirt do dh'fheartan sònraichte cruinn-eòlasach, dualchas nàdair agus cultarail (a' gabhail a-steach dualchas cànan) aig gach sgìre anns a bheil coimhearsnachdan eileanach.

Tha Earrann 3(3) den Achd a' stèidheachadh grunn raointean anns am bu chòir builean a leasachadh do choimhearsnachdan eileanach, a' gabhail a-steach: a) àrdachadh-sluaigh; b) leasachadh agus adhartachadh leasachadh eaconamach seasmhach; (ii) sunnd àrainneachdail; (iii) slàinte agus sunnd, agus (iv) cumhachdachadh coimhearsnachd; c) piseach a thoirt air seirbheisean còmhail; d) adhartachadh cheanglaichean didseatach; e) lùghdachadh bochdainn connaidh; f) dèanamh cinnteach gu bheil riaghladh èifeachdach air Oighreachd a' Chrùin Alba (is e sin, an t-seilbh, na còraichean agus na h-ùidhean dha bheil earrann 90B(5) de dh'Achd na h-Alba 1998 an sàs); agus g) cur ri tèarainteachd bith-eòlasach (a' gabhail a-steach dìon eileanan bho bhuidhe gnèithean ionnsaigheach neo-dhùthchasach).

Mar a tha riatanach fon Achd, agus às dèidh eacarsaich co-chomhairleachaidh àrd-amasach thairis air còrr is 40 eilean anns an robh còrr is 1,000 com-pàirtiche an sàs, chaidh Plana Nàiseanta nan Eilean fhoillseachadh san Dùbhlachd 2019. Tha 13 Amasan Ro-innleachdail agus còrr is 100 gealltanasan ann a dh'fheumar libhrigeadh thairis air beatha còig-bliadhna a' Phlana.

Chaidh am Plana a chur air bhog dìreach 12 seachdain mus do thòisich galar lèir-sgaoilte Covid-19 sa Mhàrt 2020. Chaidh fhoillseachadh mus do dh'fhàg an RA an AE, agus mus do thòisich èiginn nan cosgaisean. Còmhla ri buaidhean nas fharsainge bho ionnsaigh na Rùise air an Ugràin, tha na cùisean sin air buaidh mhòr a thoirt air coimhearsnachdan eileanach na h-Alba.

Fon Achd, feumar am Plana ath-sgrùdadh taobh a-staigh 5 bliadhna bhon chiad fhoillseachadh. Mar sin tha an lèirmheas seo ann aig deagh àm agus a' toirt cothrom do Riaghaltas na h-Alba agus an com-pàirtichean meòrachadh air atharrachaidhean ann an suidheachadh nan coimhearsnachdan eileanach bho 2019.

## **Co-chomhairle**

Tha riatanas ann an Achd nan Eilean (Alba) 2018 gum feumar co-chomhairle a chumail mar phàirt den sgrùdadh seo. Bheir seo dhuinn fiosrachadh air na dh'fhaodadh a bhith air ath-sgrùdadh mus tèid am Plana a chur air beulaibh na Pàrlamaid.

Tha dà amas aig an lèirmheas seo. Sa chiad dol a-mach, bheir e dhuinn sealladh mionaideach air a' bhuidhean a bh' aig Plana Nàiseanta nan Eilean làithreach bho chaidh fhoillseachadh. 'S e an dàrna amas gum fiosraich e Plana Nàiseanta nan Eilean ùr (ma tha fear ùr a dhìth a rèir an lèirmheis).

Tha Riaghaltas na h-Alba fada den bheachd gum bu chòir dhan ath-sgrùdadh air Plana Nàiseanta nan Eilean a bhith air a stiùireadh le beachdan dhaoine sna h-eileanan againn, chun na h-ìre as motha a ghabhas dèanamh. Gheibhear mion-fhiosrachadh mun phàirt seo den cho-chomhairle agus mar a thèid na toraidhean a làimhseachadh nas fhaide air adhart sa phàipear co-chomhairleachaidh seo.

Thèid toraidhean na co-chomhairle sgrìobhte a chur còmhla ri dàta uimhireil agus ri barrachd dàta a thèid a chruinneachadh tro shreath de choinneamhan le prìomh chom-pàirtichean air feadh nan eilean agus tro chonaltradh dìreach le coimhearsnachdan eileanach.

Tha an co-chomhairleachadh seo a' toirt cothrom do gach neach aig a bheil ùidh ann an eileanan na h-Alba am beachdan a thoirt dhuinn agus, ma bhios feum air, cumadh a thoirt air an ath thionndadh de Phlana Nàiseanta nan Eilean. Bheir e timcheall air 30-40 mionaid gus a lìonadh.

Tha a' cho-chomhairle seo ag amas air:

Daoine a tha a' fuireach ann an eileanan na h-Alba, agus buidheann sam bith a tha gan riochdachadh.

Daoine aig a bheil ùidh ann an eileanan na h-Alba.

Buidhnean agus daoine ag obair ann an, agus còmhla ri, eileanan na h-Alba, thar nan roinnean poblach, is prìobhaideach agus an treas roinn.

## **A' cruthachadh Plana Nàiseanta nan Eilean ùr às dèidh an Lèirmheis seo**

Às dèidh mion-sgrùdadh air a' cho-chomhairleachadh seo, agus le ùmhlachd do na molaidhean a nì e, dh'fhaodte gun co-dhùn Ministearan Plana Nàiseanta nan Eilean ùrachadh no Plana ùr a chruthachadh. Bidh am pròiseas co-chomhairleachaidh airson seo a' crochadh air toradh a' chiad cho-chomhairleachaidh seo, agus an ìre is gu bheil e a' nochdadh gu bheil feum air ath-dhreachdadh Plana Nàiseanta nan Eilean làithreach.



## Foirm fiosrachaidh mun neach-freagairt

**Thoir an aire** gum **feumar** am foirm seo a lìonadh agus a chur air ais leis an fhreagairt agad.

Gus faighinn a-mach mar a làimhsicheas sinn an dàta pearsanta agad, faic am poileasaidh prìobhaideachd againn: <https://www.gov.scot/privacy/>

A bheil thu a' freagairt mar neach fa leth no às leth buidheann?

- Neach fa leth  
 Buidheann

Ainm slàn no ainm na buidhne

Àireamh fòn

Seòladh

Còd-puist

Seòladh puist-d

Tha Riaghaltas na h-Alba ag iarraidh do chead an fhreagairt co-chomhairle agad fhoillseachadh.

Dè b' fheàrr leat a thaobh a bhith a' foillseachadh na freagairt agad:

- Foillsich an fhreagairt le ainm  
 Foillsich an fhreagairt a-mhàin (gun ainm)  
 Na foillsich an fhreagairt

### Fiosrachadh do bhuidhnean:

Tha an roghainn 'Foillsich an fhreagairt a-mhàin (gun ainm)' ri faighinn do luchd-freagairt fa leth a-mhàin. Ma thèid an roghainn seo a thaghadh, thèid ainm na buidhne fhoillseachadh co-dhiù.

Ma thagh thu an roghainn 'Na foillsich mo fhreagairt', dh'fhaodte gun nochd ainm na buidhne agad air liosta an fheadhainn a fhreagair an co-chomhairleachadh seo fhathast, mar eisimpleir ann an aithisg an sgrùdaidh.

Bidh sinn a' sgaoileadh na freagairt agad gu sgiobaidhean poileasaidh eile taobh a-staigh Riaghaltas na h-Alba, sgiobaidhean a dh'fhaodadh a bhith a' dèiligeadh ris na cùisean a thog thu fhèin. Dh'fhaodte gum biodh iad airson bruidhinn riut san àm ri teachd ach feumaidh sinn cead fhaighinn bhut gus seo a dhèanamh. Am biodh e ceart gu leòr nan cuireadh Riaghaltas na h-Alba fios thugad a-rithist a thaobh a' cho-chomhairleachaidh seo?

- Bhiodh
- Cha bhiodh

## **A' Cho-chomhairle**

### **Ceist 1**

**Dè cho eòlach 's a tha thu, nad bheachd, air an tionndadh làithreach de Phlana Nàiseanta nan Eilean?**

Chan eil idir

Chuala mi mu dheidhinn ach chan eil fios sam bith agam air an t-susbaint

Tha beagan fiosrachaidh agam mu dheidhinn

Tha mòran fiosrachaidh agam mu dheidhinn

### **Ceist 2**

**An tug an tionndadh làithreach de Phlana Nàiseanta nan Eilean buaidh air do bheatha ann an dòigh sam bith?**

Thug

Cha tug

Chan eil fhios agam

Faodaidh tu do fhreagairt a leudachadh sa bhogsa gu h-ìosal.

### **Ceist 3**

**An robh a' bhuidh aig an tionndadh làithreach de Phlana Nàiseanta nan Eilean air do bheatha?**

Math

Dona

Cha tug e buaidh air mo bheatha idir

Faodaidh tu do fhreagairt a leudachadh sa bhogsa gu h-ìosal.

#### Ceist 4

**Dè do bheachd air susbaint an tionndaidh làithrich de Phlana Nàiseanta nan Eilean?**

Deagh bheachd  
Droch bheachd  
Chan eil beachd sam bith agam

Faodaidh tu do fhreagairt a leudachadh sa bhogsa gu h-ìosal.

#### Ceist 5

**Nad bheachd-sa, a bheil an tionndadh làithreach de Phlana Nàiseanta nan Eilean air adhartas a dhèanamh a dh'ionnsaigh a bhith a' coileanadh a Amasan Ro-innleachdail**

#### Question 5

**In your opinion, has the current National Islands Plan made progress towards achieving its Strategic Objectives to address:**

	Cha d'rinn e adhartas sam bith	Beagan adhartas	Deagh adhartas	Adhartas nas fheàrr na bhathar an dùil
<b>Amas Ro-innleachdail 1</b>				
Sluagh	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
<b>Amas Ro-innleachdail 2</b>				
Leasachadh eaconamach Seasmhach	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
<b>Amas Ro-innleachdail 3</b>				
Còmhhdail	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
<b>Amas Ro-innleachdail 4</b>				
Taigheadas	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>

**Amas Ro-innleachdail 5**

Bochdainn Connaidh	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
--------------------	--------------------------	--------------------------	--------------------------	--------------------------

**Amas Ro-innleachdail 6**

Ceangailteachd	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Dhidseatach				

**Amas Ro-innleachdail 7**

Slàinte, Cùram	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Sòisealta agus Sunnd				

**Amas Ro-innleachdail 8**

Leas-àrainneachdail agus	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Bith-thèarainteachd				

**Amas Ro-innleachdail 9**

Atharrachadh na	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
gnàth-shìde agus				
cumhachd				

**Amas Ro-innleachdail 10**

Coimhearsnachdan	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Eileanach Cumhachdach				
agus Com-pàirteachasan				
Ionadail Làidir				

**Amas Ro-innleachdail 11**

Ealainean, Cultar is	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Cànan				

**Amas Ro-innleachdail 12**

Foghlam	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
---------	--------------------------	--------------------------	--------------------------	--------------------------

**Amas Ro-innleachdail 13**

Cur an Gnìomh agus	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Tomhas Plana Nàiseanta				
nan Eilean				

**Ceist 6**

**Tha 13 Amasan Ro-innleachdail anns an tionndadh làithreach de Phlana Nàiseanta nan Eilean. Dè do bheachd air àireamh nan amasan ro-innleachdail anns an tionndadh làithreach de Phlana Nàiseanta nan Eilean?**

Dìreach ceart

Tha cus ann  
Chan eil gu leòr  
Chan eil beachd sam bith agam

Faodaidh tu do fhreagairt a leudachadh sa bhogsa gu h-ìosal.

### **Ceist 7**

**Tha 134 gealltanasan anns an tionndadh làithreach de Phlana Nàiseanta nan Eilean. Dè do bheachd air àireamh nan gealltanasan.**

Dìreach ceart  
Tha cus ann  
Chan eil gu leòr ann  
Chan eil beachd sam bith agam

Faodaidh tu do fhreagairt a leudachadh sa bhogsa gu h-ìosal.

### **Ceist 8**

**San fharsaingeachd, dè a dh'obraich gu math anns an tionndadh làithreach de Phlana Nàiseanta nan Eilean?**

### Ceist 9

San fharsaingeachd, dè tha thu a' smaoinichadh a dh'fhaodadh a bhith air obrachadh na b' fheàrr anns an tionndadh làithreach de Phlana Nàiseanta nan Eilean?

### Ceist 10

A bheil thu a' smaoinichadh gum bu chòir plana ùr a bhith ann do dh'Eileanan na h-Alba?

Tha / Chan eil / Chan eil fhios agam

Mìnich do fhreagairt

### Ceist 11

Dè bu toil leat fhaicinn ann am Plana Nàiseanta nan Eilean ùr no ùraichte?

Ùraich am Plana Naiseanta Làithreach ach cùm an aon chruth  
Tha plana gu tùr ùr a dhìth  
Rudeigin eile

Faodaidh tu do fhreagairt a leudachadh sa bhogsa gu h-ìosal.

## Measaidhean Buaidh

Bidh sinn a' sireadh bheachdan luchd-ùidh agus a' mhòr-shluaigh air Measadh Buaidh Coimhearsnachdan nan Eilean airson na h-obrach seo agus air cùis co-ionannachd sam bith a dh'fhaodadh a bhith ann. Tha sinn a' coimhead air dè a' bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig na poileasaidhean eileanach air feachdan dìonta a tha air am mìneachadh fo Achd na Co-ionannachd 2010 (aois, ciorram, ath-bhuileachadh gnè, posadh agus com-pàirteachas sìobhalta, leatromachd agus màthaireachd, cinneadh, creideamh no feallsanachd, gnè agus taobhadh feise). Thèid obair leasachaidh a bharrachd a dhèanamh air measaidhean buaidh aig an aon àm ri bhith a' sgrìobhadh Plana Nàiseanta ùraichte nan Eilean.

Ma tha thu airson a bhith an sàs sa phròiseas measaidh buaidh, cuir post-d gu Sgioba nan Eilean aig Riaghaltas na h-Alba aig [info@islandsteam.scot](mailto:info@islandsteam.scot).

### A' cur beachd a-steach dhan cho-chomhairle seo

Tha sinn a' sireadh bheachdan dhan cho-chomhairle seo le ceann-latha mu dheireadh de mheadhan oidhche 9 Dàmhair 2023.

Cuir do bheachdan a-steach dhan cho-chomhairle seo a' cleachdadh hub co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba, Citizen Space (<http://consult.gov.scot>). Gheibhear a' cho-chomhairle agus faodar a freagairt air-loidhne aig <https://consult.gov.scot/agriculture-and-rural-economy/national-islands-plan-review-consultation>. Faodaidh tu an fhreagairt a shàbhaladh is tilleadh thuice fhad 's a tha a' cho-chomhairle fosgailte. Dèan cinnteach gun tèid freagairtean co-chomhairle a chur a-steach ron cheann-latha mu dheireadh 9 Dàmhair 2023.

Mur a bi e comasach dhut freagairt tron hub co-chomhairleachaidh againn, cuir am Foirm Fiosrachaidh mun Neach-freagairt gu:

Sgioba Poileasaidh nan Eilean  
Riaghaltas na h-Alba  
Taigh an Longman  
Inbhir Nis  
IV1 1SF

### A' làimhseachadh ur freagairt

Ma tha thu a' freagairt tron hub co-chomhairleachaidh, thèid do chur air adhart chun na duilleig "Mu do Dheidhinn" mus cuir thu do bheachd air ais. Innis dhuinn mar bu chòir dhuinn dèiligeadh ris an fhreagairt agaibh, agus gu sònraichte a bheil sibh toilichte gun tèid an fhreagairt agaibh fhoillseachadh. Ma dh'iarras tu nach tèid do fhreagairt fhoillseachadh, bidh sinn ga meas dìomhair agus a' dèiligeadh rithe mar sin.

Bu chòir a h-uile neach-freagairt a bhith mothachail gu bheil Riaghaltas na h-Alba a' tighinn fo ullachaidhean Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002 agus mar sin, gum

biodh aige ri beachdachadh air iarrtas sam bith a rinneadh dha fon Achd co-cheangailte ri freagairtean dhan cho-chomhairle seo.

Mur a h-eil e comasach dhuibh freagairt tro Citizen Space, lìonaibh agus cuiribh air ais am Foirm Fiosrachaidh mun Neach-freagairt a tha an cois na sgrìobhainn seo.

Gus faighinn a-mach mar a làimhsicheas sinn an dàta pearsanta againn, faic am poileasaidh prìobhaideachd againn:

<https://www.gov.scot/privacy/>

### **Na h-ath-cheumannan sa phròiseas**

Far a bheil luchd-freagairt air cead a thoirt gun tèid an fhreagairt aca fhoillseachadh, agus às dèidh dhuinn dearbhadh nach eil stuth cliù-mhillteach annta, bidh freagairtean rim faighinn gu poblach air <http://consult.gov.scot>. Ma chleachdas tu an hub co-chomhairleachaidh gus freagairt, gheibh thu lethbhreac den fhreagairt agad tro phost-d.

Às dèidh a' chinn-latha mu dheireadh airson freagairtean, thèid anailis a dhèanamh air gach freagairt agus thèid beachdachadh air cho math ri fianais sam bith eile a tha ri fhaighinn gus ar cuideachadh. Thèid freagairtean fhoillseachadh far an deach cead a thoirt dhuinn sin a dhèanamh. Bidh aithisg anailis ri faighinn cuideachd.

### **Beachdan agus gearanan**

Ma tha beachd sam bith agad mu mar a chaidh a' cho-chomhairle seo a dhèanamh, cuir seo chun an t-seòlaidh gu h-àrd, no gu [info@islandsteam.scot](mailto:info@islandsteam.scot)

### **Pròiseas Co-chomhairleachaidh Riaghaltas na h-Alba**

Tha co-chomhairle na pàirt bhunaiteach den phròiseas gus poileasaidh a dhèanamh. Bheir e cothrom dhuinn beachdachadh air na beachdan agus sgilean agaibh air raon obrach a tha air a mholadh.

Gheibhear na co-chomhairlean uile againn air-loidhne aig: <http://consult.gov.scot>. Tha gach co-chomhairle a' mìneachadh nan cuspairean air a bheilear a' beachdachadh, cho math ri dòighean gus ur beachdan a thoirt dhuinn, air-loidhne, tro phost-d no tron phost.

Thèid mion-sgrùdadh a dhèanamh air na freagairtean mar phàirt den phròiseas poileasaidh, cho math ri farsaingeachd eile de dh'fhiosrachadh is de dh'fhianais. Foillsichidh sinn aithisg den anailis seo airson gach co-chomhairle. A rèir nàdair na co-chomhairle, dh'fhaodte gum bi na freagairtean:

- a' sealltainn gu bheil feum air leasachadh no ath-sgrùdadh poileasaidh
- a' fiosrachadh cruthachadh poileasaidh sònraichte
- a' cuideachadh gus co-dhùnadh a dhèanamh eadar diofar mholaidhean poileasaidh
- air an cleachdadh gus crìoch a chur air reachdas mus tèid a chur an sàs

Ged a dh'fhaodadh fiosrachadh mu shuidheachadh sònraichte a chaidh a mhìneachadh ann am freagairt do cho-chomhairleachadh am pròiseas poileasaidh fhiosrachadh, chan urrainn do dh'eacarsaichean co-chomhairleachaidh dèiligeadh ri draghan agus beachdan aig daoine fa leth, a bu chòir a bhith air an cur chun na buidhne poblaich iomchaidh.



© Crown copyright 2023



This publication is licensed under the terms of the Open Government Licence v3.0 except where otherwise stated. To view this licence, visit [nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3](https://nationalarchives.gov.uk/doc/open-government-licence/version/3) or write to the Information Policy Team, The National Archives, Kew, London TW9 4DU, or email: [psi@nationalarchives.gsi.gov.uk](mailto:psi@nationalarchives.gsi.gov.uk).

Where we have identified any third party copyright information you will need to obtain permission from the copyright holders concerned.

This publication is available at [www.gov.scot](http://www.gov.scot)

Any enquiries regarding this publication should be sent to us at

The Scottish Government  
St Andrew's House  
Edinburgh  
EH1 3DG

ISBN: 978-1-83521-154-0 (web only)

Published by The Scottish Government, July 2023

Produced for The Scottish Government by APS Group Scotland, 21 Tennant Street, Edinburgh EH6 5NA  
PPDAS1331142 (07/23)

W W W . g o v . s c o t